

An Comunn Gàidhealach

Samhain 2012 / November 2012



An Comunn Gàidhealach, Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhaile, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD.
www.ancomunn.co.uk Fòn 01851 703 487. Post-d: marina@ancomunn.co.uk

Facal bhon Àrd Oifigear

An uair a bhios gach Mòd seachad, theid ùine a chur seachad a' smaoineachadh air mar a chaith cùisean. Bidh Comataidh a' Mhòd a' coinneachadh airson coinneamh shònraigheach gach Samhain airson coimhead ri nithean sam bith nach deach mar bu chòrr. Ach, feumar cuideachd a bhi coimhead ris na rudan math a thig às gach Mòd. Tha tòrr a bharrachd rudan math a' tighinn as na càil eile.

'Se àm gu math duilich agus trang a th' anns a' mhìos ron a' Mhòd airson an luchd-obrach. Tha measgachadh de dhuilgheadasan a' nochdadh aig an àm seo, nam measg tha ceartachadh agus crìochnachadh Prògram a' Mhòd, dUILGHEADASAN A THAOBH SLÁINTE AGUS SÀBHAILTEACHD AIRSON NA TALLAICHEAN AGUS IOMADH RUD EILE.

Am bliadhna, 'b e an rud a dh' adhbhraich dUILGHEADASAN MÒR DHUINN, gun do dhùin an Taigh-òsta a bha sinn air a chur air dòigh dha na britheamhan, luchd-obrach agus mar sin air adhart, gun fhios dhuinn. Le seo, bha againn ri ùine mhòr a chur seachad eadar an Gearran agus an Dàmhair a' lorg àitichean eile. Cuideachd, nochd dUILGHEADASAN LE EGLAIS A BHA SINN A' CLEACHDADH AIRSON FEADHANN DE NA FARPAISEAN. Bha iad air airgead fhaighinn bhon chrannchur nàiseanta airson leasachaidhean a dhèanamh ris an togalach. Gus nach biodh againn ri togalach eile a' lorg aig a' mhìonaid mu dheireadh, dh' aontaich sinn gum bu chòrr dhuinn a bhi glic mun chùis agus cumail oirnn leis an eaglais a chleachdad.

Bidh fios aig duine sam bith a tha eòlach air a bhi a' cur air dòigh ceilidh no dannsa, air an obair a tha an luib airson fiùs aon tachartas. Tha còrr is 200 tachartas a' gabhail àite thairis air a' Mhòd gach bliadhna, bho seirbheis eaglais, chun an dannsa mu dheireadh - tha an obair a tha an luib gach tachartas sin cho mòr.

Se soirbheachas mòr a th' ann gu bheil ùidh anns a' Mhòd fhathast, fiùs an dèidh 120 bliadhna.

Cha b' urrainn dha chòignear luchd-obrach a' Chomuinn an obair aca a dhèanamh gun an taic a tha iad a' faighinn bhon Bhòrd Stiùiridh agus na Comataidhean Ionadail. Cuideachd, an luchd-taic a bhios a' toirt an cothrom dhuinn pàigheadh airson gach togalach agus seirbheis a dh' fheumas sinn airson a' Mhòd a chur air dòigh. Gun an taic seo cha b' urrainn dhuinn an tachartas seo a chur air dòigh.

Tha sinn a' nise a' coimhead air adhart ri Pàislig 2013!

Message from the Chief Executive

The conclusion of each Royal National Mòd leads to a period of reflection. The annual "greeting meeting" of the Mòd Committee is held in November each year, and this meeting often reflects upon aspects that did not quite go to plan. However, reflection is two way and it is important that we not only learn lessons, but that we also reflect upon the good that comes from each National Mòd. The latter far outweighs the former.

From a staff point of view the month that precedes the Mòd is a stressful and testing period. Staff are dealing with a multitude of different issues ranging from programme proofing and finalisation right through to Health and Safety issues in venues.

This year in Dunoon, the greatest difficulty that confronted us was the closure, without fore-warning, of the main hotel that was to be used to accommodate staff, adjudicators and other essential workers. A lot of time and effort was spent on finding alternative accommodation in the period from February through to October. Other issues – such as a main church venue receiving a time-limited lottery grant to allow refurbishment of the building – also impacted upon planning. A common sense approach prevailed that avoided last minute venue changes and that hopefully allowed the venue to meet timetable obligations to the National Lottery.

Everyone who is involved in organising ceilidhs or dances will be aware of the amount of organisation that a single event requires. The Mòd provides a platform for over 200 events. From a church service to a final dance - the scale of organisation and planning that is required is huge.

It is a remarkable achievement that after 120 years, the Mòd still retains such interest from the whole of Scottish society.

The five staff that are employed by An Comunn Gàidhealach could not undertake this task without the tireless support of an unselfish Board of Directors and the support of an army of diligent local volunteers. In addition, the array of funders that allow us to pay all the suppliers and facilities required is wide ranging: from sponsors to public bodies to advertisers to individual members – without all of these contributions we would be unable to hold this great event.

We now look forward to Paisley in 2013!

John Morrison
Chief Executive

Iain Moireasdan
Àrd Oifigear

AM MÒD NÀISEANTA RIOGHAIL



Teachdaireachd bho Stiùiriche a' Mhòid

Tha mi airson taing mhòr a thoirt do dhuine no dithis an dràsta. An toiseach, taing mhòr dha na britheamhan a chur uidhir de dh' obair agus tide ann am Mòd na bliadhna seo.

Tha obair britheamh a' toiseachadh fada ron a' Mhòd fhèin oir tha aca ri ullachadh a dhèanamh airson na farpaisean, le bhi a' coimhead ri pìosan fèin-thaghte nam farpaisich gus blas fhaighinn air na h-òrain a tha iad air taghadh. 'Se obair mhòr a th' ann an seo fhèin oir tha cuid de bhritheamhan ann a tha an sàs ann an iomadach farpais. Tha na britheamhan dha rìreabh mothachail air an obair a tha na farpaisich a' dhèanamh ann a bhi a' deisealachadh airson Mòd agus mar sin, 'se dleastanas gu math duilich a tha aca!

Taing mhòr cuideachd dhan Chomataidh Ionadail, na cathraichean, stiùbhardan, agus gach neach a chuidich gu saor-thoileach aig a' Mhòd agus ro-làimh. Bha aig mòran dhiubh ri bhi a' strì anns a' ghaoth agus an t-uisge gus dèanamh cinnteach gun obraicheadh a h-uile càil mar bu chòrr! Gun an taic seo, cha b' urrainn dhan tachartas seo gabhail àite.

Tha An Comunn Gàidhealach gu math mothachail air an obair a thathas a' dèanamh gu saor-thoileach airson Mòd a chumail, agus tha sinn air leth taingeil airson seo – tapadh leibh uile!

Seònайд NicDhòmhnaill
Stiùiriche a' Mhòid

Toraidhean Mòd 2012

Gheibhearr toraidhean Mòd na bliadhna-sa air an làrach-lin againn. Bruthaibh air a' cheangal a leanas:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/results>

Dealbhan Mòd 2012

Chithear dealbhan oifigeach a' Mhòid tron cheangal a leanas:
<http://grahamhoodphotography.com/viewing/>

Ma tha sibh airson dealbhan sam bith òrdachadh, cùiribh fios chun dealbhadar aig:
info@grahamhoodphotography.com

Message from the Mod Director

I would like to take this opportunity to say thank you to a few very important people. Firstly, a big thank you to all our adjudicators who put in a tremendous amount of work both before and during Mod week.

An adjudicator's work commences long before the Mod itself as they have to prepare for their competitions by familiarising themselves with all own choice pieces in advance. For some this in itself is a huge task if they are adjudicating numerous competitions. Adjudicators are very aware of all the hard work that competitors put into their performances and to choose one winner is not always easy!

My thanks also to all the Local Organising Committee, all the chairpersons, stewards, and all other volunteers who gave their time before and the Mod. Many had to battle in the wind and rain to carry out various duties to ensure the event would run smoothly! Without them, the event could not take place.

An Comunn Gàidhealach is fully aware of the volunteer effort that is required for the running of the Mod and we truly appreciate the time that you all give out of the goodness of your hearts – tapadh leibh uile!

Janet Macdonald
Mod Director

Mod 2012 Results

You can view all of this year's results on our website. Please click on the following link to take you directly there:

<http://www.acgmod.org/nationalmod/results>

Mod 2012 Photography

You can view this year's official Mod photographs via the following link. <http://grahamhoodphotography.com/viewing/>

If you would like to order any prints you can contact the official Mod photographer directly on:
info@grahamhoodphotography.com





Ailean Caimbeul

Sgilean Cànan Follaiseach aig Mòd na bliadhna-sa!

S e beul a labhras ach 's e an gnìomh a dhearbas! Ach aig Mòd Dhùn Omhain b'e còmhراadh a bha cudthromach dhòmhhs far an robh mi nam bhritheamh airson feadhainn de na 1,536 farpaisich a ghabh páirt aig na 116 farpaisean.

Tha farpaisean a' Mhòd a' dèanamh measadh air measgachadh de chomas an cànan agus ceòl agus, a rèir co mheud farpais anns a bheil iad a' gabhail páirt, tha aca ri tòrr bàrdachd agus rosg ionnsachadh agus a chumail nan cuimhne. Tha seo duilich do farpisich – seann agus òg, agus dhòmhssa, 's ann am farpaisean còmhraadh agus sgeulachd a tha an deuchainn is cudthromach a thaobh cànan.

Bha e na urram dhomh a bhi nam bhritheamh aig na farpaisean airson na sgoilearan is sinne sa' Bhunsgoil aig Mòd Dhùn Omhain. Bha comas an còmhraidh cinnteach agus comhairteil, bha feadhainn aca gu math èibhinn cuideachd le comas an cainnte.

Bha farpaisean na sgeulachdan mòrbhaileach, agus ann am farpaisean aois 10-11 gu sònraichte, thug mi seachad na comharran is àirde a thug mi seachad a-riamh aig Mòd! Bha seo air sgàth's cho àrd 's a bha an ìre agus ged a chaithd páirt den seo a chraoladh aig na cuirmean ait an t-bh gu ìre, cha robh iad idir a' sealltainn an ìre àrd a bh' ann anns an fharsaingeachd.

Chan eil teagamh sam bith ann nam bheachd-sa gu bheil Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a' toirt buaidh mhòr air an adhartas sònraichte a tha seo. Tha na tha ri fhaicinn aig na farpaisean seo a' sealltainn gu cinnteach cho soirbheachail 's a tha foghlaim dà-chànanach ann am foghlaim Alba.

Tha mi an dòchas gun toir na sgeulachdan agus na dealbhan a tha ri fhaicinn bho Mòd Dhùn Omhain air daoine an cànan ionnsachadh, no gun till feadhainn chun a' Ghàidhlig agus gum brosnach e phàrantan foghlaim tro-mheadhan na Gàidhlig a thaghadh dhan chlann aca. Bha e misneachail faicinn gu robh uidhir deth cheanglan a' tachairt eadar buidhnean poblach, priobhaideach agus saor-thoileach ann an obair leasachaidh cànan agus cultar.

Impressive language skills on display at this year's Mod

'S e beul a labhras ach 's e an gnìomh a dhearbas! A Gaelic version of the proverb "actions speak louder than words", but in the children's competitions at the Royal National Mod in Dunoon last week it was speech that was particularly special for me as one of those involved in adjudicating 1,536 young people in 116 competitions.

Mod competitions assess a variety of linguistic and musical abilities and, depending on how many events they may be involved in, participants can be required to memorise substantial amounts of prose and verse. This is challenging for competitors of all ages, but in my personal opinion the ultimate test of language ability is in conversation and story-telling competitions.

It was a privilege to have been an adjudicator in those competitions for upper primary school pupils at the Dunoon Mod. Conversational ability was generally confident and relaxed, and children also demonstrated humour in their use of Gaelic.

The story-telling competitions were outstanding, and in the 10-11 year-old sector in particular I found myself awarding the highest range of marks I have ever given in any Mod competition! This was a result of exceptional performance standards, and while the highlights concerts broadcast on television reflected these standards to an extent the programmes could not fully demonstrate the consistently high overall quality of competition.

There is no doubt in my mind that Gaelic Medium Education (GME) is a major contributing factor to this most encouraging growth in language confidence and competence. These Mod performances provide further evidence of a successful Gaelic-English bilingual sector in Scottish education which offers a good quality education and is demonstrating excellent levels of attainment.

I hope that the images and sounds emanating from Dunoon's Mod will attract new learners, and lapsed users, to the language as well as encouraging more parents to choose GME for their children. Another encouraging feature of this year's Mod was the degree of integration of Gaelic language development activity by a variety of public, voluntary and private organisations.

Taken from 'Engage for Education':

<http://engageforeducation.org/2012/10/guest-blog-high-standards-at-the-royal-national-mod/>

AM MÒD NÀISEANTA RIOGHAIL



An Comunn Gàidhealach



Manaidsear a' Mhòid le Teisteanas Slàinte & Sàbhailteachd

Meal an naidheachd air Seumas Greumach a rinn deuchainnean NEBOSH ann an Obar Dheathain san t-Sultain, aig àm den bhliadhna a bha gu math trang dha. Fhuair Seumas ire creideis airson an deuchainn.

Tha An Comunn Gàidhealach mothachail dhan uallach a tha oirnn airson tachartas mòr a chur air dòigh. Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' toirt uallachaidhean Slàinte agus Sàbhailteachd air a' Chomunn agus na buidhnean a tha ag obair còmhla rinn. Tha sinn toilichte gu bheil Seumas air a' chùrsa seo a dhèanamh agus tha sinn air taic a thoirt dha fhad's a bha e ag obair air a shon. Bidh an cùrsa seo feumail dhuinn uile.

Tuigidh sinn gum bidh suidheachaidhean a thaobh Slàinte agus Sàbhailteachd uaireanan a' cur dragh mhòr air farpaisich agus luchd-siubhail a' Mhòid. Tha sinn an dòchas adhbharan airson na suidheachaidhean seo a shoillearachadh anns na h-irisear a tha romhainn, gus mìneachadh na uallachaidhean laghail a tha air a bhuidhean aig gach Mòd.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu dheidhinn NEBOSH an seo:

www.nebosh.org.uk

Bàta-puist Hiort

An diugh, bidh sinn a' gearrain gu math tric ma bhios an eadar-lòn slaodach. 100 bliadhna air ais, bha dòighean conaltraidh gu math eadar-dhealaichte. Bhiodh litrichean à Hiort gan cur air falbh air bàta-phuist Hiort agus bheireadh e seachdainean, no mìosan, gus ruighinn.

Bho ghluais sinn gu Thaigh Bhaile an Fhathain, fhuair sinn lorg air am modal seo de bhàta-phuist Hiort aig oifisean Urras Nàiseanta na h-Alba. Fhad's a bha sinn ag ullachadh airson Mòd 2012, chunnaic sinn seo air sgeilf. Tha dealbhan àlainn de dh' eilean Hiort air an crochadh ann an seòmar coinneamh Taigh Bhaile an Fhathain cuideachd.

Ma tha ceanglaichean sam bith agaibh le Hiort, nach leig sibh fios thugainn!



Mod Manager Gains Health and Safety Qualification

Congratulations to James Graham on passing his NEBOSH examinations with credit. James sat his exams in Aberdeen in September of this year, during a period which is always the busiest time in the calendar year.

An Comunn Gàidhealach recognises the responsibility that major event management places upon the organisation. The Royal National Mod imposes extreme Health and Safety responsibilities upon An Comunn Gàidhealach and our partners. We are delighted that James has undertaken this course and we have encouraged and supported him throughout his studies. This qualification will be to the benefit of everyone.

We understand that certain Health and Safety issues sometimes become a source of frustration for competitors and audiences during the Royal National Mod. We hope to explain, in future newsletters, some of the different issues which impose wide-ranging legal responsibilities upon the organisation at each Mod.

For further information on the NEBOSH qualification please visit: www.nebosh.org.uk

St Kilda Mailboat

Nowadays, it is not uncommon for us to complain about broadband access and download speeds. A century ago communications were completely different. Mail from St Kilda was often sent by the St Kilda mailboat and might take weeks, or months, to reach its destination.

Our move to Balnain House has unearthed this National Trust for Scotland treasure. Amongst the artefacts spotted on a shelf when we were preparing for the 2012 Mòd was this lovely replica of a St Kilda mailboat. This is in addition to the lovely St Kilda photographs that look down upon us in the meeting room at Balnain House.

Please let us know if you have any connections with this marvellous group of Islands and we will share your connections with other readers in a future edition!



An Comunn Gàidhealach



Oireachtas na Gaeilge

Mus robh iad fiùs air faighinn seachad air Mòd na bliadhna-sa, bha Seumas Greumach agus Iain Moireasdan air an t-slighe a Letterkenny an Èirinn, gu Oireachtas na Gaeilge air an 1mh den t-Samhain 2012. Lean an t-uisge sinn cuideachd, as dèidh dha a bhi còmhla rinn cha mhòr fad seachdain a' Mhòid!

Chaidh a' chuid as mothà de phrìomh thachartasan an Oireachtas a chumail ann a dhà de na Taighean Òsta is mothà sa' bhaile – an Clanree agus Mount Errigal. Bha am baile fhèin (nur beachd-sa co dhiù) gu math coltach ri Inbhir Pheofharain agus bha àitichean-fuirich agus tallaichean sònraichte ann. Bha gu leòr seòmraichean ann an Taigh-òsta Mount Errigal airson 4 no 5 farpaisean a ruith aig an aon àm.

Anns an fharsaingeachd, bha an stoighle neo-fhoirmeil aig seinn traidiseanta na h-Èireannaich gu math follaiseach aig gach tachartas. Bha farpaisean seinn traidiseanta ann far an robh 20 farpaiseach a' gabhail pàirt, bhiodh 5 an uairsin a' dol troimhe chun na h-ath chuairt far am biodh aca ri òran eile a bha iad fhèin air a thaghadh a sheinn. Bha an luchd-èisteachd ro thoilichte na sèistean a sheinn aig gach cuairt den fharpais. Bha tòrr de na tachartasan cuideachd a' dol a-mach beò air an rèidio.

Bha tachartasan eile a bha gabhail àite anns an taigh-òsta, a' dol a-mach beò air stèiseanan rèidio air feadh na dùthcha. Chur RTE stiùidio air dòigh ann an Ionad Fàilteachais an Taigh-òsta far an robh iad a' craoladh mòran den stuth aca thairis air an t-seachdain. Chaidh prògram laitheil na naidheachdain a chraoladh an seo cuideachd, le luchd-frithealaidh an t-Oireachtas a' cabadaich air an cùlaibh – bha e mìorbhailleach cho mì-fhoirmeil 's a bha e!

Chaidh sinn gu measgachadh de thachartasan mar farpaisean agus foillseachaidhean eadar-dhealaichte agus farpais sgeulachd inbhich. Sheinn Seumas aig farpais Seinn Traidiseanta farpaisich nas sinne na 35 agus ged a dh' innis e dhaibh gun robh e ro òg airson seo, thug iad air seinn co dhiù! Bha e mìorbhailleach, fiùs leis gun do bhris e na riaghailtean!

'S urrainn dhuinn tòrr ionnsachadh bhon Oireachtas agus iadsan bhuainne. Chaidh failte chàirdeil, chridheil a chur oirnn agus tha sinn an dòchas an ceangal seo le ar caraidean an Èirinn a chumail anns na bliadhnanachan a tha ri teachd.

www.antoirachtas.ie

Oireachtas na Gaeilge 2012

After partially recovering from the Mòd, James Graham and John Morrison set off to Oireachtas na Gaeilge in Letterkenny, Ireland on 1st November 2012. The rain which had been a feature of the midweek Mòd in Dunoon followed us to Letterkenny!

Our two hour drive from Belfast to Letterkenny allowed us to reflect on the Mòd that just finished, and by the time we arrived in Letterkenny we had put the whole world to rights – never mind the Mòd!

Many of the major events at Oireachtas na Samhna 2012 centred round two of the big hotels in Letterkenny – the Clanree and the Mount Errigal. The host town was (in our eyes) similar to Dingwall in size, and the quality of the hotel accommodation and conference facilities was high. The latter Hotel had sufficient conference facilities to host 4 or 5 major competitions at the same time.

Our overall impressions confirmed the status of traditional singing in Ireland and the renowned Irish informality which was evident at each event. Traditional singing competitions that featured up to 20 singers were quickly reduced to 5 finalists who were then asked to sing a second song of their own choice. The audiences were happy to join in the choruses during both rounds of singing. In addition, many of the events were broadcast live by radio.

Other events were hosted in the hotel lobby with radio stations from north and south of the border broadcasting the events live. To add to the atmosphere RTE had set-up a small "rig" in the hotel reception from which they anchored much of the channel's output during the week of the Oireachtas. The daily news programme was broadcast from this "studio" with Oireachtas followers standing chatting in the background! It was wonderfully informal!

We attended competitions; facebook launches; interactive IT launches; book launches and an adult sgeulachd competition. James was asked to sing at the over 35 Traditional Singing Competition final and although he remonstrated that he was far too young to sing they would not take "no" for an answer! His performance was majestic even if he broke the rules!

We can learn much from the Oireachtas. Equally, the Oireachtas can learn from the Mòd. We were treated with great hospitality and hope to be able to continue to support our fellow Gaels in Ireland, in the future.

Oireachtas na Samhna 2012

30 Deireadh Fómhair - 4 Samhain 2012
Leitir Ceanainn, Dùn na nGall



An Comunn Gàidhealach



Modan ri thiginn

Mod Phaislig 11-19 Dàmhair 2013

Mod Inbhir Nis 10-18 Dàmhair 2014

Mod An Oban 9 - 17 Dàmhair 2015

Mod Nan Eilean Siar 14-22 Dàmhair 2016

Future Mod Dates

Paisley 11-19 October 2013

Inverness 10-18 October 2014

Oban 9-17 October 2015

Western Isles 14-22 October 2016

Brot is Ceapairean Meur Inbhir Nis

8 Dùblachd 2012

12 Faoilleach 2013

16 Gearran 2013

16 Màrt 2013

Thèid Club 400 na mios seo a thaghadh aig an aon am.
Thigeadh còmhla rinn, bheir caraid leibh agus chan eil càil a dh'fhiost nach buannaich sibh sgillinn no dhà airson an Nollaig!

Ionad Dunbar, 86 Sràid na h-Eaglaise, Inbhir Nis
12-2f
Inbhich £3, clann £1.50

Inverness Branch Soup and Sandwich

8 December 2012

12 January 2013

16 February 2013

16 March 2013

*The November 400 Club draw will take place here as well.
Come along, bring a friend and have the chance of some extra
Christmas cash!*

*Dunbar Centre, 86 Church Street, Inverness.
12-2pm
Adults £3, children £1.50*

Club 400 Inbhir Nis

Seo an fheadhainn a bhuanndach duaisean na mìos
seo:

£250 - Rona Chaimbeul, Inbhir Nis
£100 - Murdina NicAoidh, Inbhir Nis
£50 - J Bower, Obar Phealaigh

Inverness 400 Club

*The results of the November 400 club draw are as
follow:*

*£250 - Rona Campbell, Inverness
£100 - Murdina Mackay, Inverness
£50 - J Bower, Aberfeldy*

Earrannan Ainmichte Mod 2013

Tha Earrannan Ainmichte airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2013
a-nis ri fhaighinn. Ma tha sibh airson na leabhrachaean / CDs
airson Mòd Phàislig òrdachadh, cuiribh fios thugainn!

Tha faidhlichean sibelius cuideachd ri faighinn airson na
còisirean.
Cuiribh fios gu Seumas Greumach james@ancomunn.co.uk

Mod 2013 Prescribed Pieces

*Prescribed Pieces for the Royal National Mod 2013 are now
available to buy.*

*Please get in touch if you would like to order the books / CDs for
the Paisley Mod.*

*Sibelius files are also available for choral pieces Please contact
James Graham: james@ancomunn.co.uk*



An Comunn Gàidhealach

Acair Earranta Gníomhachas Gàidhlig na Bliadhna 2012!

S iad Acair Earranta, companaidh foillseachaidh leabhrainchean Gàidhlig, stèidhichthe an Steòrnabhagh, Gníomhachas Gàidhlig na Bliadhna 2012.

Tha an fharpais, a th air a stiùireadh le Comunn Na Gàidhlig (CnaG) le taic o Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean (HIE) a toirt aithne don obair ionmholta a tha mòran chompanaidhean a dèanamh nan raon fhèin agus aig an aon àm iad ga dhèanamh tron Ghàidhlig. A thuilleadh air a bhith a toirt aithne do na companaidhean a tha a cumail a Ghàidhlig aig cridhe an cuid obrach an ceartuair, thathas an dòchas gum brosnaich an fharpais companaidhean eile gus a bhith a strì gus iad fhèin a bharrachd a dhèanamh tron Ghàidhlig.

Se companaidh earranta a th ann an Acair a chaidh a steidheachadh ann an Steòrnabhagh an 1976 gus goireasan Gàidhlig a chruthachadh do phròiseact ùr dà-chànanach. Lean agus leudaich an obair sin nuair a chaidh Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig a steidheachadh ann am meadhan na 80an. An diugh tha iad fhathast a foillseachadh agus a reic leabhrainchean Gàidhlig, gu h-àraidh do chloinn agus tha iad ag amas air leabhrainchean ùr, tarraigeach agus inntinneach a chruthachadh, a bheir cuideachadh dhaibh Gàidhlig ionnsachadh. Mar phàirt den oidhirpean nan leabhrainchean aca a reic tha iad a cleachdadh lèrachaidhean agus meadhanan sòisealta gus gach cuid an gníomhachas a bhrosnachadh agus cuideachd gus inbhe a thoirt dhan Ghàidhlig air an eadar-lòn

Chaidh tagraighean na farpais am meas le panail de riochdairean bho ChnaG, HIE agus Bòrd na Gàidhlig agus bha iad aontaichte aon-ghuthach gu robh Acair airigh air tiotal Gníomhachas Gàidhlig na Bliadhna 2012 agus an £3000 a bhuannaich iad. Anns an dùrna àite le duais de £1,500, bha Comunn eachdraidh Nis ann an Leòdhlas agus san treas àite, le duais de £500, bha Seallam às taobh Tuath na Hearadh.

Tha An Comunn Gàidhealach airson meal an naidheachd a chur air Acair airson an duais sònraichte seo! Meal an naidheachd cuideachd dha Comunn Eachdraidh Nis agus Seallam airson na duaisean acasan cuideachd!

(Dealbh: Alasdair Allan BPA, Ministeir Ionnsachadh is Sgilean agus Gàidhlig is Alba is a toirt an duais do Agnes Rennie, Manaidsear Acair, Coinneach MacIomhair, Cathraiche ChnaG is Alasdair MacLleathain o Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean.)

Acair Ltd is Gaelic Business of the Year 2012!

Acair Ltd, the Gaelic book publishing company based in Stornoway, is the Gaelic Business of the Year 2012. The competition, which is run by Comunn na Gàidhlig (CnaG) with support from Highlands & Islands Enterprise (HIE), recognizes the commendable work which many companies do in their own sector whilst doing it through the medium of Gaelic. As well as acknowledging the excellent work being undertaken by many businesses in keeping Gaelic to the forefront of all that they do, it is hoped that the competition will also encourage other businesses to strive to do more through the medium of Gaelic.

Acair is a limited company, which was formed in Stornoway in 1976 to provide resources for a new bilingual project. That work continued and expanded when Gaelic Medium Education was introduced in the mid 80s. To this day they still publish and sell Gaelic books, particularly for children, and they aim to create new, attractive and interesting books that people will find appealing and that will also help them to learn Gaelic. As part of their efforts in selling their books, they have been making effective use of websites and social media to boost the industry and also to promote Gaelic on the internet.

The submissions to this years competition were assessed and evaluated by a panel of representatives from CnaG, HIE and Bòrd na Gàidhlig and they agreed unanimously that Acair was the winner of the Gaelic Business of the Year 2012 and the monetary prize of £3,000 that goes along with the title. In second place earning a prize of 1,500 was Comunn Eachdraidh Nis, Lewis, and in third place with a prize of 500, Seallam, Northton, Harris.

An Comunn Gàidhealach would like to take this opportunity to congratulate Acair for winning this prestigious award! Congratulations also to Comunn Eachdraidh Nis and Seallam for their success!



(Pictured: Alasdair Allan MSP, Minister for Learning, Skills and Scotland's Languages presenting the award to Agnes Rennie, Acair Manager, Kenneth Maciver, CnaG Chairman and Alasdair Maclean, Highlands & Islands Enterprise.)



An Comunn Gàidhealach

Rùm-teatha Ùr aig Àth Maol-Ruibhe!

Tha Gàidheal Siorrachd Pheairt a' cur failte air an rùm-teatha ùr a chaidh fhosgladh ann an Àth Maol-Ruibhe, air an A822, letheach slige eadar Craobh is Obair-pheallaidh.

'Se Maighread Mathieson am boireannach a tha os cionn an Amulree Tearoom, agus tha i a' tabhann teatha, cofaidd agus bëicearachd.

Bha cliù àrd aig Maighread air son a beicearachd mu thràth, air sgàth is gun robh i a' toirt cèicean is eile seachad dha'n Watermill ann an Obair-pheallaidh. Mar sin, seo agaibh cothrom grèim bëicearachd blasta Mhaighread 'fheuchainn 'na cafaidh fhéin. Tha an àrainneachd blath, fàilteachail, agus tha an t-seirbhis luath, càirdel.

A bharrachd air sin, is ann à Barraigh a tha Maighread agus tha Gàidhlig choimhlionta aice. Chithear deilbh le Madeleine Hand, à Dhun-Chaileann; agus obair le Ronald Lawson agus Jean Duckfield sa chafaidh.

Tha an cafaidh fosgailte trì laithean gach seachdain, 'se sin Dihaoine, Disathuirne, agus Didòmhnuich, ach, tha Maighread ag radh, tha iad an dòchas gum fosgail iad air laithean eile, a rèir an iarrtais. An drasta, tha e a'toirt goireas luachmhor an dà chuid dha luchd-turas agus dha muinntir an àite fhèin.

Molaidh mi gu làidir an Cafaidh Àth Maol-Ruibhe, agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh dha Maighread agus an sgioba.

Le Ridseard Deveria

New Tearoom in Amurlee!

The Gaels in Perthshire would like to welcome the new tearoom that has opened in Amurlee, on the A822 between Craobh and Aberfeldy. The tearoom is run by Margaret Mathieson, who offers various teas, coffees and home-baking to her customers.

Margaret was already famous for her home baking, as she had previously provided the Watermill in Aberfeldy with her delicious treats. Now you can sample her baking in her own café. The tearoom offers a warm, friendly environment, with a fast and efficient service. Margaret is originally from Barra and is a fluent Gaelic speaker.

The tearoom boasts décor which originates from the area, with pieces by Madeleine Hand, Ronald Lawson and Jean Duckfield.

The tearoom is open 3 days a week, Friday, Saturday and Sunday but Margaret has a view to open longer should there be demand. At the moment though, it provides a useful service for both tourists and locals alike.

I would strongly recommend a visit to the Amurlee Tearoom and would like to wish every success to Margaret and her team with this venture.

Contributed by Richard Deveria

Ma tha sibh airson càil a chur dhan ath iris den chuairt-litir, nach cuiribh fios thugainn!.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhal, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD

www.ancomunn.co.uk

AM MÒD NÀISEANTA RIÖGHAIL



An Comunn Gàidhealach



Teadaidh Gàidhlig a' lorg dachaigh ùr!

Thàinig teadaidh sònraichte gu Acair, foillsichearán stèidhichte ann an Leòdhais - teadaidh a bhruidhneas Gàidhlig ag ionnsachadh 33 falal do chlann - ma tha sibh ag iarraidh an teadaidh bu chòir dhuibh òrdugh a chur a-steach tràth oir bidh fèill mhòr air an teadaidh.

Bha ro-shamhla dhan teadaidh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Steòrnabhagh an uirigh agus bha e ann an Dùn Omhain am bliadhna.

'S e companaidh Èireannach, Bàbòg a dhealbh an teadaidh iongantach bho thùs, a bhios feumail airson dathan, àireamhan agus cumaidhean ionnsachadh do chlann.

Tha 12 òirleach a dh'airde san teadaidh, le trì gleusan, abraidh e dathan, àireamhan no cumaidhean sònraichte a-rèir den gleus a th'air agus a-rèir de am putan a thèid a bhruthadh. Tha putain air a chluasan, a spògan, a chasan agus air a mhionach.

Tha manaidsear Acair, Agnes Rennie glè thoilichte leis an teadaidh - agus gu math tollichte gun do ràinig e Acair mu dheireadh thall. Thuirt i: "Thàinig e bhon aiseag Diciadain 7 Samhain agus tha sinn glan air ar dòigh leis. 'S e teadaidh a th'ann a chòrdas ris a h-uile duine, bho bhèibidhean gu granaidhean."

Gheibhean teadaidh, Bàbòg (Bèibidh), ri cheannachd dìreach bho Acair air prìs £30 no ma dh'fheumar a chur sa phost £35.

Tha Acair stèidhichte aig 7 Sràid Sheumais, Steòrnabhagh, agus gheibh sibh iad cuideachd air fòn 01851 703020 agus tro phost-dealain info@acairbooks.com no air www.acairbooks.com.

Ma tha sibh a' ceannachd airson na Nollaig, agus gu bheil aig an teadaidh ri dhol thall thairis bu chòir dhuibh òrdugh a chur gu Acair ro 6 Dùblachd, no airson an rioghachd seo fhèin ro 14 Dùblachd.

Tha Bàbòg cuideachd ri cheannachd ann am Bùth a' Chomuinn ann an Steòrnabhagh!

Gaelic speaking teddy bear looking for new home!

Lewis-based publishers Acair have now taken delivery of a special teddy - an interactive Gaelic-speaking bear which teaches children 33 words - and are warning customers to order early to avoid disappointment as stocks are limited.

A prototype of the talking bear was on show at the Royal National Mod in Stornoway last year and again this year in Dunoon.

The educational teddy - a colourful, talking bear which will help teach youngsters the Gaelic words for colours, numbers and shapes - was originally developed by an Irish company, Bàbòg.

The 12-inch bear has three settings and will say particular colours, numbers or shapes depending on the setting and which button is pressed. There are buttons on its ears, paws, feet and tummy.

Acair manager Agnes Rennie is very happy with their bear - and very happy to finally take delivery of him. She said: "He came off the ferry on Wednesday Nov 7 and we are delighted with him. It's for all the family; for everyone from babies to grannies."

The bear, who is named Bàbòg (Baby), can be purchased directly from Acair at a cost of £30 or £35 if he has to be posted.

Acair are located at 7 James Street, Stornoway, and can also be contacted by phone on 01851 703020 and via email at info@acairbooks.com or at www.acairbooks.com. To guarantee delivery by Christmas orders should be placed by December 6, if the teddy is to go overseas, and by December 14 for delivery within the UK.

Bàbòg is also available from the An Comunn Gàidhealach shop in Stornoway!

Bábóg the Gaelic Teddy!



An Comunn Gàidhealach



Ceannaich tiodhlacan Nollaig air loidhne bho Bùth a' Chomuinn!

Cuimhnichibh gu bheil CDs, leabhrachaean Gàidhlig agus mòran eile a-nis ri cheannach tron làrach-lìn againn.

Tha cairtean Nollaig agus mìosachain Gàidhlig againn cuideachd.

Tiodhlacan math airson an Nollaig!

Bruthaibh air an ceangal a leanas airson a dhol chun bhùth againn: <http://www.acgmod.org/store>

Buy your stocking fillers from the An Comunn online store!



Remember you can now purchase Gaelic Books, CDs etc from our online store.

Gaelic Xmas cards and calendars are also available.











Perfect stocking fillers for Christmas!

To view our online store, click on the following link:

<http://www.acgmod.org/store/>



Pasgan 4 / 4 Pack £3.00





**30TH NOVEMBER
TO 2ND DECEMBER 2012**

EVERBODY CAN SING - WHY NOT JOIN IN THE FUN?

ALBA A' SEINN SCOTLAND SINGS IN PAISLEY ABBEY

SATURDAY 1 DECEMBER 7.30PM

COME AND HEAR

GLASGOW GAELIC MUSICAL ASSOCIATION

GLASGOW ISLAY GAELIC CHOIR

GOVAN GAELIC CHOIR

LARGS GAELIC CHOIR

**WITH SPECIAL GUESTS RENFREWSHIRE JUNIOR
GAELIC CHORAL ASSOCIATION**

FEAR AN TAIGH JOHN CARMICHAEL

TICKETS £10 (£8 CONCESSION)

MORE DETAILS AT

WWW.MODPHAISLIG.ORG

**TICKETS AVAILABLE FROM PRINT & COPY IT,
61 HIGH STREET PAISLEY, ONLINE AT
MODPHAISLIG.ORG, OR CALL 075355 14385.**

**SUPPORTED BY AN COMUNN GAIDHEALACH,
THE ASSOCIATION OF GAELIC CHOIRS &
MÒD PHÀISLIG 2013**



**HANDS UP FOR TRAD, MELVILLE HOUSE, 70 DRYMEN ROAD,
BEARSDEN, GLASGOW, G61 2RH 0141 280 2803**

EventScotland



ALBA | CHRUTHACHAIL

Nollaig Chridheil ann am Pàislig

A Gaelic Christmas in Paisley

le Alison Nic Annain

with Alison Buchanan

16 den Dùblachd 2.30f

Sunday 16 December 2.30pm

Eaglais Naomh Trianaid agus Barnabas, Pàislig
Holy Trinity & St Barnabas Church, Paisley

Come and enjoy a Gaelic Christmas in Paisley with Alison Buchanan. Enjoy a glass of something festive as Alison sings traditional carols and brings a Gaelic sparkle to Christmas.

Tickets £5 (children free)
from Print & Copy It,
61 High Street, Paisley or email
modphaislig2013@yahoo.co.uk

www.modphaislig.org



www.modphaislig.org


Na mo Chuid Aodaich

A' fogail airgead dha:
Raising funds for:



THE ARCHIE
FOUNDATION
Maintaining Democracy
One Seat at a Time in the House of Commons

Registered as a Charity in Scotland number SC039521



PROISEACT NAN EALAN
the gaelic arts agency



Disathairne 8mh là den Dùblachd, 7f

Saturday 8th December, 7pm

Acadamaidh Rìoghail Inbhirnís

Inverness Royal Academy

Tiocaidean/Tickets:

Adults £10. Under 16s £5

Available from Clà Gàidhlig's office:

01463 226757

Measgachadh tòr-ghnàthach de dhràma, òrain, sgeulachd is ceòl Gàidhlig a' rannsachadh
eachdraidh is buaidh fhasanan thairis air an linn mu dhereadh.

An innovative montage of Gaelic drama, song, story and music, exploring the
history and influences of fashion over the last century.



An Comunn Gàidhealach



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhal
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: rena@ancomunn.co.uk

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiorsachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

*If so, please forward any information to:
marina@ancomunn.co.uk
or telephone 01851 703 487.*

www.ancomunn.co.uk

Taing mhòr dhan a h-uile duine a chur fiosrachadh thugainn airson a chuairt-litir seo.

Many thanks to all those who have contributed information for this newsletter.